

A Charaid,

Beachdan bho Chomann nam Pàrant (Inbhir Nis) air Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha CnP (Inbhir Nis) a' cur fàilte air an dreachd Phlana Nàiseanta agus an lèirsinn a th' aig a' Phlana airson leasachadh na Gàidhlig.

Tha sinn toilichte fhaicinn gu bheil cuideam ga chur air feadh a' Phlana air cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaigh agus ann a bhith leudachadh nan cothroman Gàidhlig a chleachdadh ann an iomadh diofar shuidheachaidhean.

Tha sinn cuideachd toilichte fhaicinn gu bheil Comann nam Pàrant air ainmeachadh mar phrìomh bhuidheann anns na raointean foghlam agus Gàidhlig san Dachaigh agus gu bheil Bòrd na Gàidhlig mothachail air an eòlas a th'aig pàrantan anns na raointean seo. Feumar cuimhneachadh, ge-tà, gu bheil pàrantan, ge bith cho èasgaidh, ag obair gu saor-thoileach agus gu bheil taic a bharrachd riatanach bho bhuidhnean eile / no le bhith a neartachadh Comann nam Pàrant .

'Ainmeachadh a h-uile dreuchd aig a bheil buaidh dhìreach air àrainneachdan is tachartasan Gàidhlig-mheadhanach mar Ghàidhlig-riatanach' (p16)

Tha sinn toilichte seo fhaicinn le prìomhachas àrd. Fosglaidh Sgoil Ghàidhlig ann an Inbhir Nis an ath bhliadhna agus tha Comann nam Pàrant fhathast a' sireadh cinnt gum bi an luchd-obrach air fad aig a' Chomhairle agus aig 'Alpha Schools' fileanta sa Ghàidhlig.

'Àrdachadh anns a' chothrom air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, agus air an eòlas bharrachd foghlaim a tha ri fhaotainn ann an sgoiltean fa leth' (p25)

Tha sinn ag aontachadh gur e pròiseact freagarrach a tha seo airson an raon agus bu mhath leinn barrachd cuideam ga chur air sgoiltean Gàidhlig a stèidheachadh.

'Leudachadh ann an solar cùram-chloinne Gàidhlig' (p26)

Bu mhath leinn prìomhachas nas àirde a bhith air a thoirt gu seo agus tha sinn a' creidsinn gun leudaich na h-àireamhan a' dol a-steach do dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig nam biodh cothom air deagh cùram chloinne sa chànan. Tha sinn cuideachd a' creidsinn gun cuireadh e ris an ìre de dh' fhileantachd aig a' chloinn le bhith gam bogadh anns a' chànan aig aois nas òige na th'ann an-dràsta.

'Àrdachadh anns an àireamh is ruigse de chuspairean àrd-sgoile air an teagasg tro mheadhan na Gàidhlig' (p27)

Tha sinn a' faicinn seo mar rud gu math cudromach is cabhagach agus na tha ri fhaighinn de chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig aig ìre na h-àrdsgoile ann an Inbhir Nis air dol bhuaithe. Bu mhath leinn barrachd taic fhaicinn airson Àrd-sgoiltean Gàidhlig fa leth.

'Leasachadh air seirbhisean-taice profeasanta sònraichte airson sgoilearan-sgoile Gàidhlig-mheadhanach, air an libhrigeadh tro Ghàidhlig' (p27)

Tha sinn a' cur fàilte air seo mar rud a tha riatanach chan e a-mhàin do chlann a' dol gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig bho dachaighean Gàidhlig, ach cuideachd gus inbhe na cànan a thogail.